

Na toraidhean agad 2025



Clàr-innse

Foir-shealladh	4
Am Barantas Theisteanasan na h-Alba agad.....	5
Prìomh cheistean air latha nan toraidhean.....	6
Mar a tha deuchainnean agus obair-chùrsa gan comharrachadh.....	7
Ath-thagraidhean.....	8
Clàr-ama seirbheis ath-thagraidhean.....	11
Ath cheumannan.....	12



**My
World of
Work**



Results Helpline

**Whatever your results, you have options,
and our careers advisers can help.**

Talk to us about college and university,
apprenticeships, training, volunteering, getting
into work, and more.

Call 0808 100 8000

Tue 5 and Wed 6 Aug: 8am to 8pm

Thur 7 and Fri 8 Aug: 9am to 5pm



myworldofwork.co.uk



Foir-shealladh

Tha sinn a' tuigsinn gum faod a bhith a' faighinn do thoraidhean agus a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean air na h-ath cheumnan toirt ort a bhith a' faireachdainn iomagaineach.

Tha an leabhran seo airson a h-uile neach-ionnsachaidh a bhios a' faighinn nan toraidhean aca air 5 Lùnastal 2025. Tha e a' mìneachadh dè gheibh thu còmhla ris a' Bharantas Theisteanasan na h-Alba agad agus càit am faigh thu cuideachadh leis na h-ath cheumnan.

Ma tha dad bith san leabhran seo nach eil thu a' tuigsinn, bruidhinn ris an tidsear no òraidiche agad. Dh'fhaodte gum bi thu ag iarraidh am fiosrachadh a shealltainn gu do phàrant no neach-cùraid cuideachd.

Ma tha feum agad air an fhiosrachadh seo ann am Braille no ann an cànanan eile, cuir post-d gu **customer@sqa.org.uk** no cuir fòn gu 0345 279 1000.



Am Barantas Theisteanasan na h-Alba agad

Ann an cèis-litreach nan toraidhean agad, gheibhear litir bho Phrìomh Oifigear nan Deuchainnean agus teisteanas nan toraidhean agad, a bhios a' sealltainn:

- a h-uile teisteanas SQA a choilean thu gu ruige seo;
- na rangachaidhean a fhuair thu;
- cuin a choilean thu gach teisteanas; agus
- ìre gach teisteanas a rèir Frèam-obrach Chreideasan is Theisteanasan na h-Alba (SCQF).

Airson tuilleadh fiosrachaidh air an teisteanas agad, tadhail air **www.sqa.org.uk/sqc**



Prìomh cheistean air latha nan toraidhean



Cò thuige a bu chòir dhomh fios a chur ma tha ceistean sam bith agam mu dheidhinn nan toraidhean agam?

Bruidhinn ris an tidsear, òraidiche no ceannard cùrsa agad ma tha ceistean agad mu dheidhinn nan toraidhean agad. Ma tha draghan agad mu dheidhinn nan rangachaidhean agad, faodaidh tu ath-thagradh a dhèanamh tron t-seirbheis ath-thagraidhean againn, a tha an-asgaidh. Faigh barrachd a-mach mu dheidhinn air duilleag 11.



Carson nach d' fhuair mi na toraidhean agam le teacsa no post-dealain?

Bidh sinn a' cur a-mach teacsaichean is puist-dealain bho 8m air latha nan toraidhean. Thoir sùil air a' phasgan spama no pasgan-truilleis agad mas e 's nach d' fhuair thu air post-dealain agad. Ma tha thu thall thairis, chan fhaigh thu an teacsa mura bheil am fòn agad comasach air teachdaireachdan fhaighinn thall thairis agus ma tha creideas gu leòr agad.



Tha toraidhean a dhìth air an teisteanas agam. Dè bu chòir dhomh a dhèanamh?

Bruidhinn ris an tidsear, òraidiche no ceannard cùrsa agad. Bheir iadsan sùil a-steach air seo às do leth.

Ma tha ceist agad ris nach eilear a' dèiligeadh san leabhran seo, tadhail air www.sqa.org.uk/faqs

Mar a tha deuchainnean agus obair-chùrsa gan comharrachadh

Tha còrr is 7,700 tidsear is òraidiche sàr-eòlach a' comharrachadh nan deuchainnean agus obair-chùrsa. Bidh an luchd-comharrachaidh seo a' cleachdadh an cuid eòlais air riathanasan cùrsa agus inbhean nàiseanta gus co-dhùnadh a dhèanamh air a' chomharra dheireannach agad.

Bidh sinn a' dèanamh iomadh sgrùdadh air feadh nan cùrsaichean is ìrean uile gus dèanamh cinnteach gu bheil an comharrachadh ceart agus cunbhalach. Theinear barantachd càileachd ri seo.

Am faod mi na pàipearan deuchainne comharraichte agam fhaicinn?

Chan fhaod am-bliadhna. Ach tha sinn air fios air ais a chruinneachadh mu dheuchainnean na bliadhna an-uiridh, far an deach cothrom a thoirt do chuid de dh'oileanaich na pàipearan deuchainn comharraichte aca fhaicinn, agus bidh sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo gus cumadh a thoirt air an t-seirbheis seo anns na bliadhnaichean ri teachd.

Cia mheud comharra a dh'fheumas mi airson gach rangachadh?

Chan eil na comharra as ìsle a dh'fheumar airson gach rangachadh (A gu D) stèidhichte.

Ma bha deuchainn nas fhasa no nas duilghe na bhathar an dùil, nì sinn atharrachadh air na comharra as ìsle a dh'fheumar gus dèanamh cinnteach gu bheil rangachaidhean cothromach bho bhliadhna gu bliadhna. Theinear ri seo 'stèidheachadh crìochan nan rangachaidhean'.

Coimhead a' bhidio seo gus faighinn a-mach mar a stèidhicheas sinn **crìochan nan rangachaidhean**.



Ath-thagraidhean

Faodaidh tu ath-thagradh a dhèanamh ma tha dragh ort mu rangachadh airson Nàiseanta 5, Àrd-Ìre no Àrd-Ìre Adhartach agus thu a' faireachdainn gur dòcha gun robh mearachd anns a chomharrachadh.

Ma nì thu ath-thagradh, nì àrd-neach-comharrachaidh ath-bhreithneachadh air mar a chaidh na measaidhean agad a chomharrachadh le SQA. Tha seo a' gabhail a-steach pàipearan-cheistean agus obraichean sònraichte. Bheir iad sùil gus dèanamh cinnteach:

- gun deach na comharraan a thoirt seachad ann an co-rèir ri na h-inbhean comharrachaidh;
- gun deach gach pàirt de na measaidhean agad a chomharrachadh;
- gun deach na comharraan a chunntadh gu ceart; agus
- gun deach an toradh ceart a chur a-steach don t-siostam againn.

An dèidh an ath-bhreithneachaidh, dh'fhaodadh an rangachadh agad fuireach mar a tha e, a dhol suas no a dhol sìos.



Nithean ri beachdachadh air mus dèan thu ath-thagradh

- A bheil an rangachadh agad ann an co-rèir ri do rangachadh tuairmsichte?
- An do bhruidhinn thu ris an tidsear, òraidiche no ceannard cùrsa agad mun rangachadh?
- An e rangachadh ris nach robhar an dùil?

Chan urrainn dhut ath-thagradh a dhèanamh ma:

- chaidh stad a chur air an duais cùrsa agad air sgàth briseadh riaghailtean (ris an canar mì-chleachdadh);
- chaidh an rangachadh a thoirt seachad tron t-Seirbheis Beachdachaidh air Suidheachaidhean Air Leth; no
- fhuair thu rangachadh A.



Am faod mi ath-thagradh prìomhachais iarraidh?

Is urrainn dhuinn prìomhachas a thoirt don ath-thagradh agad ma tha taingse chumhach agad airson àite ann an oilthigh, colaiste no trèanadh am-bliadhna no cothrom cosnadh a tha an urra ris an rangachadh agad.

Feumaidh ath-thagraidhean prìomhachais a bhith air an aontachadh leis an sgoil, colaiste no ionad-trèanaidh agad. Inns dhaibh gu bheil taingse chumhach agad a tha an urra ris an rangachadh agad. Feumaidh tu ainm an ionaid-fhoghlaim no fastaiche a thoirt seachad airson ath-thagradh a bhith air a ghiullachd mar phrìomhachas.

Ciamar a nì mi ath-thagradh?

Faodaidh tu an t-seirbheis ath-thagraidhean dìreach do luchd-ionnsachaidh a chleachdadh aig **www.sqa.org.uk/appeals**

Feumaidh tu toirt seachad:

- d' ainm;
- an seòladh puist-dealain agad;
- do cho-latha-breith; agus
- an Àireamh Oileanaich agad (ri fhaicinn air an teisteanas agad).

Feumaidh tu clàradh airson seirbheis ath-thagraidhean dìreach do luchd-ionnsachaidh, air leth bho MySQA. Mas fheàrr leat, faodaidh tu iarraidh air do phàrant no neach-cùraim seo a dhèanamh às do leth.

Pàrantan agus luchd-cùraim

Ma tha sibh a' dèanamh ath-thagradh às leth ur pàiste, cuimhnich:

- gum feum sibh cead fhaighinn bhuapa an toiseach;
- gum feum sibh seòladh puist-dealain diofaraichte a chleachdadh airson gach pàiste;
- gum bu chòir gu bheil ur pàiste a' tuigsinn gum faod an rangachadh aca fuireach mar a tha e, a dhol suas no a dhol sìos.
- nach urrainn ur pàiste ath-thagradh a dhèanamh leotha fhèin cuideachd.

Coimhead a' bhidio seo airson ionnsachadh mar a chleachdar an t-**seirbheis dìreach do luchd-ionnsachaidh**.

Clàr-ama Seirbheis nan Ath-thagraidhean



Dimàirt 5 Lùnastal – latha nan toraidhean. Tha an t-seirbheis ath-thagraidhean a' fosgladh aig 9m.



Dimàirt 12 Lùnastal – an ceann-latha mu dheireadh air am faod thu fhèin, no do phàrant no neach-cùraim, ath-thagradh prìomhachais iarraidh.



Diardaoin 21 Lùnastal – an ceann-latha mu dheireadh air am faod an sgoil, colaiste no ionad-trèanaidh agad ath-thagradh prìomhachais iarraidh às do leth.



Dimàirt 26 Lùnastal – an ceann-latha mu dheireadh air am faod thu fhèin, no do phàrant no neach-cùraim, ath-thagradh a dhèanamh.



Diluain 1 Sultain – an ceann-latha a chuireas sinn a-mach co-dhùnaidhean air ath-thagraidhean prìomhachais gu sgoiltean, colaistean agus ionadan-trèanaidh. Bidh iadsan an uair sin a' leigeil fios dhut mun toradh. Ma tha thu air iarntas a chur a-steach airson àite air cùrsa tro Sheirbheis Inntrigidh nan Oilthighean is Colaistean (UCAS), cuiridh sinn an toradh agad thucasan cuideachd. Bidh UCAS an uair sin a' cur fios chun an oilthigh no colaiste bhuntainnich. Ma dh'fheumas tu an toradh a cho-roinn le buidheann eile (mar eisimpleir fastaiche), tha e an urra riut fhèin no ris an sgoil agad, colaiste no ionad-trèanaidh sin a dhèanamh.



An Dàmhair 2025 – am mìos san cuir sinn a-mach na co-dhùnaidhean air a h-uile ath-thagradh eile. Dh'fhaodte gum feum sinn ar co-dhùnaidhean a chur a-mach nas anmoiche na seo, a rèir cia mheud ath-thagradh a gheibh sinn. Innsidh sinn don sgoil, colaiste no ionad-trèanaidh agad ma tha seo buntainneach.

Ma tha an rangachadh agad ag atharrachadh, cuiridh sinn thugad teisteanas ùr san t-Samhain. Bidh an rangachadh agad air MySQA air ath-ùrachadh an dèidh sin.

Tha co-dhùnaidhean mu ath-thagraidhean deireannach agus chan fhaod thu ath-thagradh a dhèanamh orra a-rithist.

Tadhail air www.sqa.org.uk/appeals airson barrachd fiosrachaidh.

Ath cheumannan



A' smaoineachadh air Àrd Theisteanasan Nàiseanta



Tha Àrd-Theisteanasan Nàiseanta (HNCs) agus Àrd-Dhioplòmaichean Nàiseanta (HNDs) nan cùrsaichean a chaidh a dhealbhadh ann an com-pàirteachas le colaistean, oilthighean agus gnìomhachas.

Gheibhear cùrsaichean HNC agus HND ann an raon farsaing de chuspairean, bho Chunntasachd gu Dèanamh Bhidiothan. Bidh na cùrsaichean seo gad chuideachadh gus na sgilean practaigeach agus an t-eòlas teòiridheach a leasachadh a dh'fheumas tu gus obair a dhèanamh.



Tadhail air www.sqa.org.uk/hn airson barrachd fiosrachaidh.

Clìoradh tro UCAS

Mura bheil taingse agad bho oilthigh no colaiste, faodaidh tu iarntas a chur a-steach tro Clìoradh UCAS airson chùrsaichean air am faighear àitichean.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, tadhail air

digital.ucas.com/search

no

www.ucas.com/undergraduate/clearing-and-results-day/what-clearing.



Làraichean-lìn taice

Airson barrachd cuideachaidh leis na h-ath cheumannan agus noghainnean agad, faodaidh tu tadhal air na làraichean-lìn a leanas.



[SQA.org.uk/learners](https://www.sqa.org.uk/learners)



[e-sgoil.com](https://www.e-sgoil.com)



[mindyertime.scot](https://www.mindyertime.scot)



[myworldofwork.co.uk](https://www.myworldofwork.co.uk)



[myworldofwork/schoolleaverstoolkit](https://www.myworldofwork.co.uk/schoolleaverstoolkit)



[ucas.com](https://www.ukas.com)



[whocaresscotland.org.uk](https://www.whocaresscotland.org.uk)



[young.scot](https://www.young.scot)

Tha sinn ag iarraidh air luchd-ionnsachaidh pàirt a ghabhail ann an suirbhidhean agus ann an an rannsachadh eile. Ma chlàraicheas tu, gheibh thu an cothrom do bheachd a thoirt seachad air naon de chùisean. Ma tha ùidh agad ann, tadhail air **www.sqa.org.uk/haveyoursay**

FEES · LOANS BURSARIES

**Going to university or studying
HNC / HND at college?**

**You must apply to
SAAS for your fees,
loans or bursaries.**

Apply now!

**Check what
documents you
need in advance
on our website
and submit your
application at:**



www.saas.gov.uk

SAAS

Funding your future

Student
Awards
Agency
Scotland

#StartWithSAAS





A bheil ceist agad?

0345 279 1000

www.sqa.org.uk/results



BD8997 An t-Ògmhios 2025